

THE  
**ENGINE SHED**  
AN SEADA EINNSEIN


SCOTLAND'S BUILDING CONSERVATION CENTRE

CAISTEAL SHRUGHEA

GOBHA



RÈILEAN





## Cò dha a bha Caisteal Shruighlea?

Tha Caisteal Shruighlea a' suidhe air muin seann bholcàno os cionn baile Shruighlea is an Abhainn Foirthe. Tha caisteal air a bhith air an làrach seo bho chionn na 1200an. Bha e uair dachaидh do theaghlaich rìoghail na h-Alba, ach bha e cuideachd na cleachdad airson diofar adhbharan cuideachd, mar ghearrastan dòn mhòr aig àm chogaidh neo-eisimileachd na h-Alba agus mar lùchaint airson tlachd is spòrs tro Linn an ath-bheòthachaидh.

Tha an caisteal a chìtheар an-diugh air a dhèanamh a-mach à diofar thoglaichean cloiche a chaidh a chuir ris thar iomadh bhliadhna leis na daoine a bha a' fuireach ann. Chaidh na toglaichean drùidhteach mar an Lùchaint Rìoghail, An Caibeal Rìoghail agus an Talla Mòr air a thogail airson rìghrean a' chaisteil eadar na 1400n agus na 1500n.

## Sgilean Traidiseanta agus Stuthan aig Caisteal Shruighlea

Tha sgilean traidiseanta agus stuthan fhathast gan cleachdad air Caisteal Shruighlea airson dòn is glèidh a chumail ris an togalach. Chaidh rèilichean ùra spaideil a dhèanamh le gobha le bhith a' cur stàilinn fo theas ann an cagailt gus an robh e dearg theth. An uair sin buailidh an gobha air a' mheataitt le òrd is le sgil mhìorbhaileach air an inneach airson cruth a thoirt air.

Tha an dath geal-bhuidhe a chithear air ballaichean an talla mhòir a' tighinn bho uisge-aoil a tha na clachairean a' cleachdad airson dòn a chuir air na clachan. 'S e 'Òr an Rìgh' ainm an dath seo, agus chaidh an lorg a' rithist le luchd-ghlèidhteachais nuair a bha iad a' déanamh obair air an talla mhòr. Tha sinn a' cumail ris an seann dòighean peantaidh seo los gu bheil e a' sealltainn mar a bhiodh an talla coltach nuair a bha rìghrean na h-Alba an còmhnaidh aig Caisteal Shruighlea.

## An Seada Einnsean

Tha an Seada Einnsean, stèidhichte ann an Sruighlea, an aona ionaid ann an Alba a tha a' sònrrachadh air ghlèidhteachais dual-chas thogte. Tha e fo stiùir Àrainneachd Eachdraidheil Alba, am prìomh bhuidheann leis an uallach airson rùrachadh, dòn, agus a' brosnachadh àrainneachd eachdraidheil na h-Alba. Tha sinn moiteil às an dualchas againn, agus tha prògram foghlam ann an coimhearsnachdan leis an amas spionnad a thoirt do dhaoine de gach aois. Tha sinn an dòchas gun còrd an goireas seo dhuibh! Ma tha molaidhean agaibh air ar son, curiribh brath thugainn aig [technicaleducation@hes.scot](mailto:technicaleducation@hes.scot).